

# SAORSA

## Matamataig airson aois 10-12

Prògraman Sgoile air BBC ALBA  
Dihaoine aig 18:45, Diluain aig 17:40  
agus air BBC iPlayer airson 7 là

Tha an t-sreath a' leantainn tachartasan triùir dheugaire tha a' fagail an dachaighean gus samhradh a chur seachad air Eilean Sgorraigh. Tha gach prògram stèidhichte air a bhith a' cleachdadh sgilean matamataig nar beatha làitheil agus air a dhealbhadh tro dhràma far a bheil ceist ri fhuasgladh. Às dèidh gach dràma, tha film goirid a tha a' mineachadh nan sgilean matamataig bhon phrògram ann am beatha obrach dhaoine.

1. Cuairt Shamhraidh	03.09.10 aig 18:45 & 06.09.10 aig 17:40
2. Geàrr-chunntas	10.09.10 aig 18:45 & 13.09.10 aig 17:40
3. Comharran	17.09.10 aig 18:45 & 20.09.10 aig 17:40
4. An Ceisteachan	24.09.10 aig 18:45 & 27.09.10 aig 17:40
5. Cumhachd na Gaoithe	01.10.10 aig 18:45 & 04.10.10 aig 17:40
6. Cnapan-starra	29.10.10 aig 18:45 & 01.11.10 aig 17:40
7. Crionadh	05.11.10 aig 18:45 & 08.11.10 aig 17:40
8. Anns a' Ghàrradh	12.11.10 aig 18:45 & 15.11.10 aig 17:40
9. An Rup	19.11.10 aig 18:45 & 22.11.10 aig 17:40
10. Zilph	26.11.10 aig 18:45 & 29.11.10 aig 17:40

### **Ro-ràdh**

Tha an sreath Matamataig, *Saorsa*, ag amas air luchd-ionnsachaidh eadar 10 is 12 bliadhna dh'aois ged a tha suidheachaidhean is dreach gach prògram farsaing agus freagarrach airson clann nas sine a bhrosnachadh cuideachd. Tha Matamataig de dhiofar duilgheadais thar na sreatha. Gheibhear comhairle mu choinneamh gach prògram air an eòlas a bhiodh feumail gus am faigh luchd-ionnsachaidh a' bhuannachd as fheàrr às. Aig amannan thathar a' dèiligeadh ri Matamataig le bhith faicinn nan caractaran ag obrachadh a-mach na freagairtean nan ceann agus aig amannan eile chithear na ceumannan seo. Seo gus sgaradh a dhèanamh eadar feumalachdan.

Tha gach prògram stèidhichte air sgilean beatha. Tha seo air a dhealbhadh tro dhràma far a bheil ceist ri fhuasgladh. Tha geàrr-chunntas gu h-ìosal den prìomh ionnsachadh Matamataig ris a bheil gach program a' dèiligeadh (ged a tha cuspairean Matamataig eile a' nochdadh cuideachd).

1. Cuairt Shamhraidh
2. Geàrr-chunntas
3. Comharran
4. An Ceisteachan
5. Cumhachd na Gaoithe
6. Cnapan-starra
7. Crìonadh
8. Anns a' Ghàrradh
9. An Rup
10. Zilph

As dèidh gach dràma, tha film aithriseach goirid a tha a' mineachadh nan sgilean Matamataig bhon phrògram ann am beatha obrach dhaoine.

Chithear measgachadh de dhreuchdan tlachdmhor le aithris aotrom a tha a' ceangal nan obraichean ri sgilean Matamataig a tha a dhith air an son. Bheir seo cothroman barrachd sgrùdadh a dhèanamh air gach dreuchd agus air na diofar dhòighean a tha Matamataig air a chleachdadh aig diofar ìrean dhen obair.

Seo geàrr-chunntas de na dreuchdan, anns an òrdugh sam faicear iad san t-sreath.

1. **Manaidsear taigh-bidh**
2. **A' clàradh prògram telebhisein chloinne**
3. **Maor-cladaich**
4. **Ball-coise Ameireaganach**
5. **Neach planaich (pàrtaidh)**
6. **Einnseanair**
7. **Cuibhle na h-Eaglaise Brice (Falkirk Wheel)**
8. **Ailtire**
9. **Neach-dealbhadh gàrraidh**
10. **Seirbheis cobhair-rathaid**

### **Amasan**

Tha na prògraman ag amas air luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air Matamataig tro shuidheachaidhean beatha. Tha iad co-cheangailte ri cuspairean cudromach san àm ri teachd, le ceistean mun àrainneachd, saoranachd agus iomairt.

### **Fiosrachadh mu na prògraman**

Tha an t-sreath a' leantainn tachartasan trìùir dheugaire tha a' fàgail an dachaighean ann am baile meadhanach mòr air tìr-mòr gus samhradh a chur seachad air eilean Sgorraigh. Tha piuthar is bràthair, Cara is Lally, air tadhal air an eilean gus cuideachadh a thoirt do mhuintir an àite as dèidh dhaibh a bhith soirbheachail le bhith ceannach na h-oighreachd. Tha grunn phròiseactan ri dhèanamh ro fhèis chiùil a tha a' comharrachadh seo. Tha Ryan, caraid Alasdair, a' tadhal orra cuideachd is a' toirt beagan cuideachaidh dhaibh.

**Dòighean airson na prògraman a chleachdadh**

Thathar a' coinneachadh ri na caractaran is a' faighinn eòlas air an t-suidheachadh aca anns a' chiad phrògram agus tha an turas air an eilean a' tighinn gu crìch anns a' phrògram mu dheireadh. Anns an dàrna prògram tha na pròiseactan air am bi na caractaran ag obair thairis air an t-sreath air am mìneachadh. Tha na prògraman eile a' seasamh leotha fhèin is dh'fhaodar an cleachdadh ann an òrdugh sam bith.

**Geàrr-chunntas**

Anns na clàran a leanas, gheibhear fiosrachadh air gach ceist a tha ri fhuasgladh agus na cuspairean Matamataig a tha anns gach prògram. Cuideachd, tha beachd no dhà ann mu chothroman a dh'fhaodadh tighinn bho na prògraman ma tha e iomchaidh an teagaisg aig an àm. Tha liosta de stuth-taic feumail bho gach prògram anns a' cholbh mu dheireadh agus gheibhear na duilleagan aig deireadh nan notaichean.

**Prògram 1**

Anns a' chiad phrògram thathar a' coinneachadh ri na prìomh characteran agus gam faicinn ag obrachadh a-mach cosgaisean siubhail à Sgorraigh. Cuideachd, chithear iad a' tòiseachadh a rannsachadh buidseat agus sàbhalaichean a b'urrainn dhaibh a dhèanamh thar an t-samhraidh.

**Fòlas**

Luach àite

Clàran iomadaich

An cloc 24-uarach

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleagan Taic
Obrachadh a-mach dìofar chosgaisean airson an turais samhraidh.	<p><b>Ionmhas</b></p> <p>Cosgaisean airgead</p> <p>Pàigheadh £125 gach seachdain</p> <p>Pàigheadh £1250 gu lèir</p> <p>A' dèanamh coimeasan eadar prìsean</p> <p>Siubhal air treana- £40</p> <p>Cairt oileanaich- 20% far na prìse</p> <p>Siubhal air bus- £15</p> <p>Ostail- £11 gach latha</p> <p>Ostail - £70 airson seachdain</p> <p>Planadh is a' smaoinichadh air adhart</p> <p>Mu £30.50 gach seachdain airson biadh</p> <p>Mu £305 son biadh thar nan deich seachdainean</p> <p>£700 + £305 = £1005 gu lèir airson ostail is biadh</p> <p>Cloc 24-uarach</p>	<p><b>Iomairt</b></p> <p>A' cumail ri buidseat</p> <p>A' brosnachadh co-obrachadh gus tighinn gu co-dhùnadh</p> <p><b>Saoranachd</b> Mothachail de dhìofar chothroman obrach agus shuidheachaidhean</p> <p>Adhbhar Urrais agus dòighean obrach</p>	<p><u>Duilleag 1</u></p> <p>Làrach-lìn Sgorraigh</p> <p><u>Duilleag 2</u></p> <p>Clàr-ama nam busaichean</p> <p><u>Duilleag 3</u></p> <p>Clàr-ama nan trèanaichean</p> <p><u>Duilleag 4</u></p> <p>Clàr buidseit</p>

**Prògram 2**

Tha Lally agus Cara a' dèanamh an slighe a dh'Eilean Sgorraigh. Tha iad a' coinneachadh Kathleen, an oifigear leasachaidh, nuair a ruigeas iad an ostail. Aig an ostail tha iad a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh clàr-ama airson nam pròiseactan thar nan deich seachdainean. Tha aca ri smaoinichadh air ùine tha dhith airson deasachadh, rudan òrdanachadh is cnapan-starraidh sam bith.

**Fòlas**

Chan eil sgilean sònraichte Matamataig a dhith an seo.

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
Cuir air dòigh clàr-ama nam pròiseactan thar an t-samhraidh		<p><b>Leasachadh Maireannach</b> A' cleachdadh:</p> <p>dòighean obrach agus uidheam a tha math dhan àrainneachd.</p> <p><b>Cànan</b> Litreachas fiosrachaidh mu na pròiseactan</p> <p><b>Cuspairean Sòisealta</b> Rannsachadh a dhèanamh air an obair tha an lùib gach pròiseict</p>	<p><u>Duilleag 5</u></p> <p>Clàr nam pròiseactan</p>

**Prògram 3**

Tha Lally agus Cara deiseil, deònach is caran eagalach a' tòiseachadh air a' chiad phròiseict. Tha aca ri cùrsaichean is co-chomharraidhean a dhearbhadh airson seann slighe coiseachd a tha an Urras an dòchas ath-nuadhachadh. Tha Cara gu math pongail le bhith a' cleachdadh mhapaichean is combaist ach 's e ionnsachadh ùr a tha an seo do Lally.

**Fòlas**

A' leughadh fiosrachadh bho mhapa  
Co-chomharraidhean air mapa (le ceithir àireamhan)  
A' cleachdadh combaist  
Cùrsaichean

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
<b>Lìon càirt iùil (a' lorg chùrsaichean agus co-chomharran) airson gach ceum de sheann chuairt rèis na beinne</b>	<p>Coimeas eadar mapa is dealbh sadail</p> <p>A' leughadh mapa</p> <p>Samhlaidhean air mapa</p> <p>Co-chomharran le 4 àireamhan</p> <p>A' cleachdadh sgèile</p> <p>A' cleachdadh combaist</p> <p>Cùrsaichean (160° is 280°)</p>	<p><b>Cuspairean Sòisealta/ Saidheans</b></p> <p>Daoine agus cruthan-tìre</p> <p>Lusan agus ainmhidhean ri fhaighinn ann an Alba</p> <p>Eòin shònraichte ann an Alba</p> <p><b>Saoranachd</b> Eadar-dhealachaidhean ann am beatha dhaoine</p> <p>A' cleachdadh mapa gus fiosrachadh a dhearbhadh mu choimhearsnachd na sgoile</p>	<p><u>Duilleag 6</u></p> <p>Cairt ceum coiseachd</p>

Prògram 4

Tha uallach air Kathleen nach eil leapannan gu leòr gu bhith air Sgorraidh aig àm na fèise. Tha aig Cara is Lally ri rannsachadh a dhèanamh air an seo. Tha iad a' cruthachadh ceisteachain - a' smaoinichadh air na seòrsa cheistean a dh'fheumar faighneachd son am fiosrachadh fhaighinn agus tha aca ri dòigh fhaighinn air an sgaoileadh, na ceisteachain fhaighinn air ais agus an uairsin molaidhean a dhèanamh. (Tha graf cuilbh air a chleachdadh gus coimeas a dhèanamh eadar dà sheata àireamhan, chan eil an sgèile freagarrach airson am fiosrachadh fhèin a thogail às).

Eòlas

Dòighean air ceisteachain a dhealbhadh

Graf cuilbh le dà sheata àireamhan

A' dèanamh coimeas eadar dà sheata àireamhan air an aon chuspair

A' cleachdadh fiosrachadh (àireamhan) son co-dhùnaidhean a dhèanamh

<b>Suidheachadh Fuasgladh-cheist</b>	<b>Matamataig</b>	<b>Cothroman Eile</b>	<b>Duilleag Taic</b>
Dèan plana is cuir air bhonn dòigh air fiosrachadh a chruinneachadh bhon mhòr-shluagh	<p>A' cruthachadh cheistean airson ceisteachan</p> <p>Na ceistean – diofar seòrsaichean cheistean, fad nan ceistean is an dòigh sgrìobhaidh</p> <p>A' làimhseachadh fiosrachadh</p> <p>A' cleachdadh chlàran</p> <p>A' cleachdadh ghrafaichean</p>	<p><b>Saoranachd</b></p> <p>A' brosnachadh co-obrachadh</p> <p>Ag èisteachd ri iarrtasan dhaoine</p> <p><b>Iomairt</b></p> <p>A' dearbhadh sheirbheisean a rèir feumalachdan</p>	<p><u>Duilleag 7</u></p> <p>Ceisteachan</p> <p><u>Duilleag 8</u></p> <p>Clàr àireamhan</p>

Air am prògram telebhisein, gu mì-fhortanach chan eil tiotalan follaiseach air a' ghraf anns an t-sealladh mu dheireadh ged a tha iad rim faicinn anns na seallaidhean eile. Dh'fhaodadh gum b'urrainn seo fhèin a bhith air a chleachdadh mar phuing teagaisg.

**Prògram 5**

Tha Lally, Cara agus Kathleen air tighinn gu tuath-gaoithe air tìr mòr gus tuigse fhaighinn air mar a tha iad ag obair. Thathar am beachd tuath-gaoithe beag a chruthachadh air Sgorraidh agus tha Lally is Cara gu bhith an sàs ann a bhith a' moladh làrach freagarrach air Sgorraigh airson seo. Tha tuairmsean air an dèanamh mu fiosrachadh na muilnean -gaoithe. Tha na h-àireamhan a leanas fìor airson suidheachadh Saorsa a-mhàin.

Tha gach muileann-gaoithe:

- 75m de dh'àird
- A' cruthachadh 1 megawatt no millean watt de dhealan (gu leòr airson còig cheud taigh)
- Co-dhiù 225m bho chèile

Tha an t-Urras am beachd gach muileann a chur 250m bho chèile

Tha na mapaichean de Sgorraigh a' cleachdadh nan sgèilichean a leanas:

1: 100 000

1:10 000

1:7 500

**Fòlas**

Sgèilichean air mapaichean

Ag obrachadh a-mach sgèile

Adhbharan airson combaist a chleachdadh air mapa

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
Rannsaich is thoir seachad molaidhean de dh'àiteachan freagarrach air Eilean Sgorraidh gus tuathanachas gaoithe a thogail.	<p>Sgèile air mapaichean 1cm:5000cm 1cm:10 000cm</p> <p>Tomhas</p> <p>Muilnean 75m de dh'àird 1 mega watt de dhealan (millean watt) 250m bho chèile</p> <p>Ag atharrachadh nan aonadan tomhais (airson ciall a dhèanamh den mhapa)</p>	<p><b>Saoranachd</b> A' leasachadh chothroman bruidhinn air nithean sòisealta agus cultarach</p> <p>Còmhradh mu cheistean a tha a' cur dragh air daoine andrasta agus san àm ri teachd</p> <p><b>Leasachadh Maireannach</b> Tuigsinn gu bheil crìoch air goireasan an t-saoghail agus mun bhuaidh a tha aige oirnn</p> <p>Tuathan gaoithe-Buannachdan is ana-chothroman</p> <p>Adhbharan àrainneachd</p> <p><b>Saidheans</b> A' rannsachadh caitheamh neirt</p>	<p><u>Duilleag 9</u></p> <p>Trì mapaichean de Sgorraigh</p>



**Prògram 6**

Is e raon crazy goilf a dhealbhadh is a chruthachadh an ath phròiseact a tha aig na deugairean. Tha aca ri smaoinichadh air na tuill a dhèanamh spòrsail 's gun a bhith ro fhurasta no ro dhoirbh. Chithear an seo mar a tha a' dol dhaibh leis a' chiad toll.

**Eòlas**

Ceàrnan ceart  
Ceàrnan fosgailte  
Ceàrnan caola  
Ceàrnan farsaing

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
Dealbhaich a' chiad toll air raon crazy goilf	<p>Ceàrnan</p> <p>Ceart cheàrnan Ceàrnan fosgailte Ceàrnan farsaing Ceàrnan caola Ceàrnan co-phàirteach</p> <p>Tomhas is tuairmse</p> <p>Na ceàrnan as fheàrr airson toll crazy goilf</p>	<p><b>Iomairt</b></p> <p>A' brosnachadh chothroman cruthachail A' tomhais chunnartan</p> <p><b>Na h-Ealain/Teicneòlas</b></p> <p>Dealbhadh tuill eile a dh'obraicheadh</p>	<p><u>Duilleag 10</u></p> <p>Na ceithir dealbhan den toll</p>

**Prògram 7**

Tha crìonadh aig na cladaichean a' dèanamh cunnart air an Eilean. Tha an t-urras am beachd maill a

chur air le basgaidean sònraichte a chur san talamh. Tha dà mheud de bhasgaid ann agus tha aig Lally agus Cara ri tomhas-lionaidh nam basgaidean a thomhais agus an cuideam de chloich a ghabhas iad.

Basgaid mhòr - 120x60x60 (cm<sup>3</sup>)

Basgaid bheag - 60x30x30 (cm<sup>3</sup>)

Tha fios gun gabh gach basgaid beag 81 cileagraman. Tha an tomhas tunna air a chleachdadh sa phrògram agus tha e air a mhìneachadh mar cuideam mìle cileagram.

### **Fòlas**

Ag obrachadh a-mach tomhas-lionaidh

Cuideam

Àireamhan gu 100 000

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
Tomhais na tha de chlachan a dhìth son bacadh a chur air crìonach nan cladaichean	<p>Tomhas-lionaidh</p> <p>Basgaidean mòra- 120cmx60cmx60cm 432 000cm<sup>3</sup></p> <p>Basgaidean beaga- 60cmx30cmx30cm 54 000cm<sup>3</sup></p> <p>432 000cm<sup>3</sup> air a roinn le 54 000cm<sup>3</sup> = 8</p> <p>Cuideam Lionaidh 81cg gach basgaid bhig</p> <p>Lionaidh 648cg gach basgaid mhòr</p> <p>Feum air 100 basgaid mhòr is 100 basgaid bheag</p> <p>Iomadaich</p> <p>Basgaid bheag 81cg x 100 = 8 100cg</p> <p>Basgaid mhòr 81cg x 8 = 648cg 100 x 648cg = 64 800cg</p> <p>64 800cg + 8 100cg = 72 900cg de chlachan a dhìth</p>	<p><b>Leasachadh Maireannach</b></p> <p>Còirichean agus dleastanas</p> <p>Buaidh a' crìonaidh air an àrainneachd agus dòighean airson daoine a bhrosnachadh gus an aire a thoirt dhan àrainneachd</p>	

**Prògram 8**

Tha an t-Urras ag ullachadh airson gàrraidhean brèagha. Mar phàirt dheth, tha taic airgid ann airson trì taighean glainne agus tha aca ri tighinn gu co-dhùnadh air na lusan as fheàrr son fàs agus cuideachd na cumaidhean taighean glainne as fheàrr air an son.

**Fòlas**

Cumaidhean

2D Cruthan 3D

Eòlas cruthan bho plana aghaidh agus plana cliathaich

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
Tagh taighean-glainne freagarrach airson nam measan is glasraich tha gu bhith fàs	<p>Cumaidhean 2D</p> <p>Cruthan 3D Ciùb Ciùbaid Priosm Pioramaidean: le bonn triantanach; le bonn sia-cheàrnach</p> <p>Sealladh nan cruthan Plana bhon mhullach Sealladh-aghaidh Sealladh-cliahaiche</p> <p>Lìn cruthan 3D</p> <p>A' taghadh phlanntraise an a rèir feumalachdan (goireasan, farsaingeachd tha dhith is cùram)</p>	<p><b>Fallaineachd agus Slàinte</b> Cùram nan lusan is nan glasraich</p> <p>Feumalachdan fàis</p> <p>Ag ullachadh biadh fallain le na lusan is na measan</p> <p><b>Iomairt</b> A' reic biadh tha air fàs air an eilean</p> <p><b>Foghlam Pearsanta agus Sòisealta</b> Obair buidhne</p> <p><b>Saoranachd</b>  A' daingneachadh cheanglaichean anns a' choimhearsneachd</p>	<p><u>Duilleag 11</u></p> <p>Duilleag na làraich le plana aghaidh is plana cliathaich gach crutha</p> <p><u>Duilleag 12</u></p> <p>Fiosrachadh mu na glasraich</p>

**Prògram 9**

Tha an t-Urras a' sgioblachadh seann loidse airson àm na fèise. Is ann a tha deagh smuain aig Lally is Cara gu bheil rudan a dh'fhaodar a reic ann. Anns a' phrògram tha Cara is Lally a' cur rup air dòigh. Tha aca ri luach a chur air gach rud agus feuchainn rin reic agus tuairmse a dhèanamh air prothaidean.

**Fòlas**

Clàran iomadaich

Suidheachadh Fuasgladh-cheist	Matamataig	Cothroman Eile	Duilleag Taic
Cuir air dòigh rup gus seann airneis a reic aig na prìsean as fheàrr	<p>A' làimhseachadh airgead</p> <p>Airgead gu £500 Ag iomadachadh prìsean</p> <p>A' toirt airgead far prìsean</p> <p>15% far pris a' bhùird 15% far £325</p> <p>10% far £325 = £32.50 5% far £325 = £16.25</p> <p>15% far £325 = £48.75</p> <p><b>Suim iomlan</b> (£325-£50 = £275 £275 + £1.25 = £276.25)</p> <p>Tuairmse air luach diofar stuthan</p>	<p><b>Leasachadh Maireannach</b> Ath-chleachdadh</p> <p><b>Iomairt</b> Sgilean fuasgladh ceist</p> <p>Sgilean conaltraidh</p> <p>Sgilean neach-tionnsgain</p> <p><b>Cànain</b> Litreachas sanasachd</p> <p><b>Eachdraidh</b> Sgrùdadh air seann rudan is mar a bha iad ag obair is carson a bhathas gan cleachdadh</p>	<p><u>Duilleag 14</u></p> <p>Clàr stuth ri reic agus prìsean</p>

**Prògram 10**

Tha latha mòr na fèise gu bhith ann. Ach tha droch naidheachd ann, is ann a tha an còmhlan Zilph fhathast ann an Lunnainn is cunnart ann nach fhaigh iad a Sgorraigh. Tha an heileacoptair briste. Tha Cara is Lally trang a' sgrùdadh cothroman eile air faighinn chun an Eilein airson Fèis Saorsa.

**Fòlas**

Clàran-ama siubhail

Cloc 24-uarach

<b>Suidheachadh fuasgladh-cheist</b>	<b>Matamataig</b>	<b>Cothroman eile</b>	<b>Duilleag Taic</b>
Rannsaich clàran-ama gus an còmhlan a thoirt dhan Eilean ann an ùine son a' chonsairt	Cloc 24-uarach Clàr-ama phlèanaichean	<b>Saoranachd</b> A' daingneachadh cheanglaichean anns a' choimhearsnachd  <b>Foghlam Pearsanta agus Sòisealta</b> Obair buidhne	<u>Duilleag 12</u>  Clàr-ama nam plèanaich ean

## PRÒGRAM 1

Duilleag Taic 1

[www.urraseileansgorraigh.org.uk](http://www.urraseileansgorraigh.org.uk)



## FÀILTE GU EILEAN SGORRAIGH!



Fàilte gu làrach-lìn Eilean Sgorraigh a tha nis fo smachd muinntir an eilein airson a' chiad uair na eachdraidh. Tha Sgorraigh air a shuidheachadh sa Chuan Shiar far costa na h-Alba. Tha 2,800 neach a' fuireach air an eilean agus 's e obair fearainn is turasachd na gnìomhachas an as cudromache. Tha Sgorraigh làn sheallaidhean brèagha le tràighean eireachdail air an taobh siar agus cnuc ag èirigh suas gu còrr air 1,200 meatair am meadhan an eilein.

Tha Port Sheòrais, prìomh bhàile an eilein, beag ach beòthail. 'S ann a-sin a tha na bàtaichean ghìomach is chrùbag, air a bhèil umhir de mhèas ann an taighean bìdh na sgìre, gan cur air tìr.



## OBAIR SHAMHRAIDH AIR EILEAN SGORRAIGH

Tha Urras Eilean Sgorraigh a' sireadh dhaoine airson obair leasachaidh a dhèanamh air Eilean Sgorraigh thairis air an t-samhradh. Mairidh an obair seo deich seachdainean agus bidh beagan tuarastail (£125 not san t-seachdain) na cois. Thathar a' sireadh dhaoine a tha òigheach agus deònach a dhol an sàs ann an dòigear phròiseactan air feadh an eilein. Cleibh sibh tilleadh fiosrachaidh agus clàr-iarrais bhò.

**Kathleen Stùbhart, Oifigear Leasachaidh,  
Urras Eilean Sgorraigh, 13 Sràid na h-Eaglaise,  
Port Sheòrais, Sgorraigh  
PA51 7TP**



## AN CLIABH

Airson a bhith as fheàrr air eilean Sgorraigh thigibh chun 'An Cliabh'. Ma thu thu a' comharachadh co-là breith, no gealladh pòsaidh no a-rhàin miannach air an lèig is a' mhòrach as fheàrr air Eilean Sgorraigh gheibh thu sin anns 'An Cliabh'.

**An Cliabh,  
7 Rathad nan Caimbeulach,  
Port Sheòrais,  
Eilean Sgorraigh.**



Tha Eilean Sgorraigh ann meòsg nan eilean as fheàrr air taobh siar na h-Alba airson surfaidh.



Tha làrach-campachaidh air Sgorraigh an t-èis-meadhan nan seallaidhean as àlainne air an eilean.

## A' FAIGHINN GU SGORRAIGH

**AISEAG:** Tha aiseag a' stiùbal sibh uairean san latha eadar an Òban agus Sgorraigh. Airson tilleadh fiosrachaidh rach gu [www.aiseagansiar.co.uk](http://www.aiseagansiar.co.uk)

**ITEALAN:** Tha seirbheis adhair dà uair san latha eadar Sgorraigh agus Glaschu seachd latha san t-seachdain. Airson tilleadh fiosrachaidh rach gu [www.turasadhair.com](http://www.turasadhair.com).

Tha e furasda faighinn air ais agus air adhart gu Sgorraigh air aiseag agus itealan



Duilleag Taic 2



• Dachaigh • Naidheachdan • Fiosrachadh mu ar deidhinn • Fios Thugainn • Cuideachadh •

- ☑ Glaschu
  - Obar Dheathain
- ☑ Glaschu
  - An Gearastan
- ☑ Glaschu
  - An t-Òban
- ☑ Glaschu
  - Ùige
- ☑ Glaschu
  - Inbhir Mìs
- ☑ Glaschu
  - Dùn Phris
- ☑ Glaschu
  - Dùn Dèagh
- ☑ Glaschu
  - Inbhir Theòrsa

Clàran-ama

GLASCHU - An t-ÒBAN							
Glaschu	08:30	09:30	10:30	11:30	13:30	14:30	15:30
A' Chrìtheann Làraich	10:00	11:00	12:00	13:00	15:00	16:00	18:00
Taigh an droma	11:30	12:30	13:30	14:30	17:00	18:00	20:00
An t-Òban	12:30	13:30	14:30	15:30	17:30	18:30	20:30

Ceannaich tiocaid



• Àitean rì fhaicinn





**Duilleag Taic 3**





• Dachaigh • Naidheachdan • Fiosrachadh mu ar deidhinn • Fios Thugainn • Cuideachadh •

### GLASCHU - An t-ÒBAN

	10:10	12:10	14:10	16:00	18:00	20:00	22:00
Glaschu							
Baile Eilidh	11:25	13:25	15:25	17:25	19:25	21:25	23:25
Taigh an droma	13:00	15:00	17:00	19:00	21:00	22:00	00:00
An t-Òban	13:43	15:43	17:43	19:43	21:43	22:43	00:43
	→	→	→	→	→	→	→
Ceannaich ticaid							

**Duilleag Taic 4**

	TUARASTAL	ÀITE FUIRICH	BIADH	COSGAISEAN GU LÈIR	SÀBHALADH
A' Chiad Sheachdain	£125.00				
Ceann nan 10 Sheachdainean	£1250.00	£70.00	£30.50	£100.50	(£24.50 - £23.75) = 75sg
		£700.00	£305.00	£1005.00	75sg + (9x£24.50) = £221.25

**PRÒGRAM 2**  
**Duilleag Taic 5**

SEACHDAIN	DILUAIN	DIMÀIRT	DICIADAIN	DIARDAOIN	DIHAOINE
1	12 A – B – Pàirc C- Slighe	13 A – Cafaidh B – Pàirc C- Tuath gaoithe	14 A – Cafaidh B – Pàirc C- Tuath gaoithe	15 A – <b>Òrdugh</b> stutha B – Pàirc C- Tuath gaoithe	16 A – <b>Òrdugh</b> stutha B – Pàirc C- Tuath gaoithe
2	19 A – stutha B – Pàirc C - Goilf	20 A – <b>Òrdugh</b> stutha B – Pàirc C - Goilf	21 A - Soidhnichea n B – Pàirc C - Goilf	22 A - Soidhnichea n B – Pàirc C - Goilf	23 A - Soidhnichea an B – Pàirc C - Goilf
3	26 A – B – Pàirc C - Goilf	27 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf	28 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf	29 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf	30 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf
4	3 A – B – Pàirc C - Goilf	4 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf	5 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf	6 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf	7 A – Cafaidh B – Pàirc C - Goilf
5	10 A – B – Pàirc C - Goilf	11 A – Cafaidh B – Pàirc C – Gàrradh	12 A – Cafaidh B – Pàirc C - Gàrradh	13 A – Cafaidh B – Pàirc C - Gàrradh	14 A – Cafaidh B – Pàirc C - Gàrradh
6	17 A – B – Pàirc C -	18 A – Cafaidh B – Pàirc C - Gàrradh	19 A – Cafaidh B – Pàirc C - Gàrradh	20 A – Cafaidh B – Pàirc C – Gàrradh	21 A – Cafaidh B – Pàirc C - Cladach
7	24 A – B – Pàirc C -	25 A – Cafaidh B – Pàirc C - Cladach	26 A – Cafaidh B – Pàirc C - Cladach	27 A – Cafaidh B – Pàirc C - Cladach	28 A – Cafaidh B – Pàirc C - Cladach
8	1 A – B – Pàirc C -	2 A – Cafaidh B – Pàirc C - Cladach	3 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse	4 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse	5 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse
9	8 A – B – Pàirc C - Loidse	9 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse	10 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse	11 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse	12 A – Cafaidh B – Pàirc C - Loidse
10	15 A B – Pàirc C	16 A B – Pàirc C	17 A B – Pàirc C	18 A B – Pàirc C	19 A B – Pàirc C

## PRÒGRAM 3

Duilleag Taic 6

## Clàr ceum-coise

	BHO	GU	CÙRSA	FAD
1				
2				
3				

	BHO	GU	CÙRSA	FAD
1	Oisean na coille 9587	Bogsa fòn 9586	180	1.1 km
2	Bogsa fòn 9586	Taigh geal 9486	330	0.9 km
3	Taigh geal 9486	An eaglais 9387	300	1 km

## PRÒGRAM 4

Duilleag Taic 7CEISTEACHAN

**Ceist 1** A bheil àite-fuirich agad airson na Fèis?

Tha   
(rach gu ceist 3)

Chan eil   
(rach gu ceist 2)

**Ceist 2** Càite bheil thu am beachd fuireach aig àm na Fèis?

Taigh air màl

Leabaidh is Bracaist

Taigh-òsta

Campachadh

Carabhan

Ostail

**Ceist 3** Dè an latha tha thu a' ruighinn agus a' fàgail Sgorraigh?

---

**Ceist 4** Dè na cur-seachadan a bhios agad air Sgorraigh?

Surfadh

Coiseachd

Sreap


Nàdar

Baidhsagal

eile \_\_\_\_\_

Àiteachan-fuirich

Duilleag Taic 8




## Àite-fuirich

	Iarrtasan Dhaoine	Leapannan Rim Faotainn	Leapannan Fhathast Saor
Ostail	5	45	9
Taigh-òsta	70	235	69
Leabaidh is Bracaist	31	275	33
Campachadh	23	102	42
Carabhan	21	144	41
Taigh air mhàl	17	132	37
<b>Air fad</b>	<b>167</b>	<b>933</b>	<b>231</b>


PRÒGRAM 5

Duilleag Taic 2






**Duilleag Taic 9**




Duilleag Taic 10


1.




2.



3.



4.



Duilleag Taic 11



**turasadhair**

[Itheagan](#) | 
 [Teigh-bòsta](#) | 
 [Car](#) | 
 [Sao-làithean](#) | 
 [Bargannan](#) | 
 [Cualaichean](#)

**Dachaigh**

**Naidheachdan**

**Mu ar Deidhinn**

**Fios thugainn**

LUNNAINN	0810	1100
GLASCHU	0940	1230
GLASCHU	1000	1515
SGORRAIGH	1050	1605
DÙN ÈIDEANN	1240	1710
SGORRAIGH	1330	1800

[Rach air adhart](#)



29





## PRÒGRAM 8

Duilleag Taic 12

AINM MEAS NO GLASRAICH	ÀRD	FEUMALACHDAN FÀIS	CÙRAM
Sùbhan-làir	Duilleagach ìosal	Grianach blàth	Ann am poitean, clachan san ùir
asparagus	Fad 18-23 cm	Fasgadh. Fàs faisg air a chèile. (dà bhliadhna mus buainear iad)	Smachd a chumail air luibhean.
tomátohan	Àrd, feumach air taic	Fàs sgoinneil ann an taighean glainne	Feumach air uisge is biadh gu tric
càl	Ìosal	fuar, tais	Feumach air uisge
courgette	Duilleagach. 20 glasraich bho gach planntrais	feumach air farsaingeachd Ann an sreathan	Tòrr uisge
pònaire	2 mheatair, feumach air taic	Grianach, socair	Sìol air a chur gach 15 ceudameatairean. Cùm uisge ris

## PRÒGRAM 9

Duilleag Taic 13

ÀIRNEIS	LUACH	PRÌS REIC
Bòrd-bidhe agus ochd seathraichean	£325	£325
Dreasair	£150	£80
Preasa Leabhraichean	£95	£85
Piàna	£215	£140
<b>SOITHICHEAN</b>		
Soitheachan Dinnearach (6x Bobhlaichean) (6x Truinsearan Mòra) (6x Truinsearan Beaga)	£85	£110
Poit ti	£35	£55
Uidheam-ithe	£40	£35
<b>ÒRNAIDEAN</b>		
3x Rugaichean	3X £45	£120 (uile)
2x Dealbhan	£75 an urra	
Bhàsan	£15 an urra	
14x Coinnlearan	£12 an urra	2 airson £8 an urra